Education Scotland
Foghlam Alba

# Support your child's learning – Sciences

| English version | Gaelic version |
|---|---|
| **Early years - Sciences** | **Tràth-Bhliadhnaichean - Saidheansan** |
| **How to support your child in learning about the sciences through everyday activities.** | **Mar a bheir thu taic dha do phàiste ann an ionnsachadh mu na saidheansan tro ghnìomhachdan làitheil.** |
| *Note: The headings used in this leaflet are the 'organisers' used in the sciences curriculum. For more information, see the Experiences and Outcomes for sciences:* https://education.gov.scot/education-scotland/scottish-education-system/policy-for-scottish-education/policy-drivers/cfe-building-from-the-statement-appendix-incl-btc1-5/experiences-and-outcomes/#sciences | *Nòta: Is iad na cinn a th' air an cleachdadh sa bhileig seo, na 'h-eagraichean' a thathar a' cleachdadh ann an curraicealam nan saidheansan. Airson tuilleadh fiosrachaidh, faic Eòlasan agus Builean nan saidheansan:* https://education.gov.scot/education-scotland/scottish-education-system/policy-for-scottish-education/policy-drivers/cfe-building-from-the-statement-appendix-incl-btc1-5/experiences-and-outcomes/#sciences |
| **Planet Earth** | **An Talamh** |
| ***Biodiversity and interdependence*** | ***Bith-iomadachd agus eadar-eisimeileachd*** |
| • Get your child involved in gardening at home. | • Cuir do phàiste an sàs ann an gàirnealaireachd aig an taigh. |
| • Grow fruit and vegetables. | • Cuir measan agus glasraich. |
| ***Processes of the planet*** | ***Pròiseasan na planaid*** |
| • Make ice cubes and melt them again; talk about what is happening. | • Dèan ciùban deighe agus leagh iad; bruidhinn mu dheidhinn dè tha a' tachairt. |
| **Forces, electricity and waves** | **Fòrsaichean, dealan agus stuadhan** |
| ***Vibrations and waves*** | ***Luasgain agus stuadhan*** |
| • Make instruments from junk, for example cardboard, plastic cups, rice, dried peas. Talk about the volume of each instrument. | • Dèan ionnsramaidean bho threalaichean, mar eisimpleir, cairt-bòrd, cupannan plastaig, rus, peasair tiormaichte. Bruidhinn mu dheidhinn tomhas-lìonaidh gach ionnsramaid. |

| | |
|---|---|
| • Talk about the sounds of the items you have in your kitchen, bathroom etc. | • Bruidhinn mu dheidhinn fuaimean nan nithean a th' agad sa chidsin, seòmar-ionnlaid is eile. |
| • Walk around your local area and listen for as many sounds as possible. | • Theirig cuairt timcheall na coimhearsnachd ionadail agad agus èist ris nas urrainn dhut de dhiofar fhuaimean. |
| **Materials** | **Stuthan** |
| ***Properties and uses of substances*** | ***Feartan agus feuman stuthan*** |
| • Read The Three Little Pigs and share the reasons for the success of each material | • Leugh na Trì Mucan Beaga agus roinn na h-adhabharan airson soirbheachadh gach stuth. |
| • Make junk models with different materials and for different purposes (bridge, house for action figure/doll) and test them to see if they work. | • Dèan modailean a-mach à trealaichean le diofar stuthan agus airson diofar adhbharan (drochaid, taigh do fhigear gnìomha/doile) agus feuch a bheil iad ag obair. |
| **Biological systems** | **Siostaman bith-eòlasach** |
| ***Body systems and cells*** | ***Siostaman bodhaig agus ceallan*** |
| • Talk about the correct names of body parts. | • Bruidhinn mu dheidhinn nan ainmean ceart airson pàirtean de bhodhaig. |
| • Talk about the senses and what can you see, hear, feel, taste and touch around you. | • Bruidhinn mu na ciadfathan agus na tha thu a' faicinn, a' cluinntinn, a' faireachdainn, a' blasad agus a' suathadh mun cuairt ort. |
| • Play with a toy doctor's set and explore different parts of the body. Talk about what's on the inside too. | • Cluich le seat dotair-dhèideag agus rannsaich pàirtean den bhodhaig. Bruidhinn mu dheidhinn dè tha air an taobh a-staigh cuideachd. |

Also see advice for parents: Sciences in Curriculum for Excellence